



STIÙIRICHE FOGHLAM THIDSEARAN

Fios mun Dreuchd

A charaid/A bhanacharaid,

Tha sinn fìor thoilichte gu bheil sibh air ùidh a nochdadh anns an dreuchd Stiùiriche Foghlam Thidsearan aig Sabhal Mòr Ostaig.

Anns a' phasgan seo, thathas air beagan fiosrachaidh a tharraing ri chèile airson blasad a thoirt dhuibh air na bhios a' dol aig a' Cholaiste agus air an t-seòrsa àrainneachd-obrach a tha againn. Tha 87 neach-obrach FTE sa Cholaiste agus tha eachdraidh làidir againn a bhith ag obair mar sgioba le dàimhean làidir agus feallsanachd cho-obrachail.

Tha mi an dòchas gun còrd na leanas ribh agus gum bi sibh airson ur n-iarrtas a thoirt air adhart chun na h-ath ìre. Ma tha ceistean sam bith agaibh no ma tha barrachd fiosrachaidh a dhìth oirbh faodar fios a chur gu Shona NicCarraig, Stiùiriche Foghlam Thidsearan: snc.smo@uhi.ac.uk

Le deagh dhùrachdan,



An t-Oll. Marsaili Nicleòid
Stiùiriche an Fhoghlaim

mnl1.smo@uhi.ac.uk



SABHAL MÒR OSTAIG

IONAD NÀISEANTA CÀNAN IS CULTAR NA GÀIDHLIG

Tha Sabhal Mòr Ostaig, an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig, na ionad Gàidhlig bho bhun gu bàrr agus sinn a' tairgsinn chothroman ionnsachaidh, rannsachaidh agus cultarach a tha sàr mhath gus an urrainn do ar n-oileanaich, luchd-obrach agus luchd-compàirt a' Ghàidhlig a thoirt air adhart.

Stèidhichte ann an Slèite anns an Eilean Sgitheanach, 's e Sabhal Mòr Ostaig an aon ionad Foghlam Àrd-ìre is Leantainneach anns an t-saoghal a tha a' libhrigeadh a chuid phrògraman ionnsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig a-mhàin ann an àrainn bhogaidh bheairteach.

Chaidh na ciad chùrsaichean goirid Gàidhlig a chumail an seo san t-Sultain 1973. San latha an-diugh, tha buaidh ar n-obrach a' sgaoileadh fada seachad air

crìochan an Eilein Sgitheanaich agus sinn a' tàladh mhiltean de dh'oileanaich à Alba agus co-dhiù 25 dùthchannan eile gach bliadhna.

Eadar cùrsaichean do luchd-tòiseachaidh is teisteanasan PhD; cùrsaichean goirid, pàirt-ùine no làn-ùine; ionnsachadh air làrach an ionaid no air astar: tha rudeigin ann dhan a h-uile duine aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha foghlam bogaidh na bhunait dhan a h-uile rud a nì sinn mar an aon ionad foghlaim treas-ìre san t-saoghal a tha a' tairgsinn a chuid chùrsaichean gu tur sa Ghàidhlig

AR LÈIRSINN

'S e ar lèirsinn, airson an ath chòig bliadhna, gum bi sinn nar sàr ionad Gàidhlig, a' tairginn chothroman ionnsachaidh, rannsachaidh agus cultarach a tha barraichte, gum faigh gach duine againn cothrom a bhith ealanta sa chànan agus sa chultar, agus sinn nar tosgairean dhan Ghàidhlig.



AR PRÌOMH AMASAN RO-INNLEACHDAIL

- **IONNSACHADH AIR LETH SÒNRAICHTE ANN AN GÀIDHLIG** - Cumaidh sinn oirnn a' togail coimhearsnachd smiorail Ghàidhlig - le luchd-labhairt misneachail, sgileil agus lèirsinneach a nì feum is diofar tron Ghàidhlig sna coimhearsnachdan is àiteachan-obrach aca.
- **RANSACHADH, SGOILEARACHD AGUS CO-PHÀIRTEACHADH EÒLAIS** - Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh sàr obair rannsachaidh agus nì sinn feum nach beag dhan Ghàidhlig agus do choimhearsnachdan Gàidhlig tro rannsachadh is co-phàirteachadh eòlais a nì sinn ann an dòighean cruthachail is co-obrachail
- **EALAIN IS CULTAR NA GÀIDHLIG** - Cumaidh sinn oirnn a' cur ris an inbhe againn mar phrìomh ionad airson Ealain is Cultar na Gàidhlig, le bhith a' toirt taic do dh'obair ùr le luchd-obrach agus oileanaich agus le bhith ag obair còmhla ri sàr luchd-ealain is luchd-cruthachaidh agus buidhnean ealain.
- **SEASMHACHD IS RIAGHLADH** - Cumaidh sinn oirnn a' cur ri seasmhachd ar n-obrach agus a' neartachadh ar structaran is modhan riaghlaidh mar bhuidhinn làidir, neo-eisimeilich Ghàidhlig.
- **AR N-ÀRAINNEACHD** - Bidh ar n-àrainneachd Ghàidhlig fhathast a' frithealadh air feumalachdan an luchd-cleachdaidh
- **CO-CHONALTRADH IS COM-PÀIRTEACHAS** - Bidh sinn nar tosgaire is nar riochdaire ùghdarrasail is buadhach dhan Ghàidhlig: a' coileanadh ar rùin, a' co-phàirteachadh fiosrachadh le ar prìomh luchd-ùidhe, agus a' neartachadh coimhearsnachd Shabhal Mòr Ostaig.

AR LUACHAN

ÀRD-AMASACH:

'S ann le amasan àrda a bheir sinn stiùir is taic do chàch, agus sinn a' dèanamh nas urrainn dhuinn gus ar prìomh amasan a choileanadh, a chum maith na Gàidhlig a tha na cànan beò agus aig a bheil cultar brìoghmhor.

BROSNACHAIL:

Bidh ar coimhearsnachd thaiceil, Ghàidhlig, sam faighear bogadh sa chànan, na h-adhbhar misneachd do ar n-oileanaich, luchd-obrach agus luchd-ùidhe.

CO-OBACHAIL:

Bidh sinn ag obair còmhla ri ar coimhearsnachdan is luchd-ùidhe gus na goireasan is am bun-structair a tha a dhìth a chruthachadh gus ar n-amasan coitcheann airson cànan is cultar na Gàidhlig a choileanadh.

DEALASACH:

Tha sinn air cur romhainn togail air mar a tha sinn air soirbheachadh mar an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig agus sinn a' daingneachadh ar n-àrainneachd ionnsachaidh Ghàidhlig shònraichte, a' frithealadh air coimhearsnachdan Gàidhlig, agus a' togail bratach cànan is cultar na Gàidhlig.

FOSGAILTE:

Tha fàilte mhòr ron a h-uile duine aig Sabhal Mòr Ostaig; agus tha sinn fosgarra is soilleir nar conaltradh agus san dàimh a th' againn le daoine.

SEASMACH:

Tha sinn a' cuideachadh gus coimhearsnachdan seasmhach, Gàidhlig a chruthachadh, leithid coimhearsnachd na Colaiste fhèin, agus tha sinn ag atharrachadh ar modhan-obrach gus an ruig sinn cothromachadh-carboin.

CÙRSAICHEAN IS OILEANAICH

'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig agus tha i na com-pàirtiche acadaimigeach ann an Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Tha goireasan ionnsachaidh air leth ann, leabharlann sònraichte, spèisealta, àiteachan-fuirich air an àrainn agus ionad cùraim chloinne faisg air làimh.

Tha còrr is 250 oileanach clàraichte air cùrsaichean foghlaim àrd-ìre againn ann an 2024-25 agus còrr is 300 oileanach ag ionnsachadh Gàidhlig air astar air a' Chùrsa Inntigidh. Bidh na Cùrsaichean Goirid a' ruith tron bhliadhna, an dà chuid air-loidhne agus air làrach an t-Sabhail aig àm na Càisge agus tro mhiosan an t-Samhraidh, nuair a gheibh faisg air 800 neach taic, teagasg agus oideachadh sa Ghàidhlig agus ann an ceòl, seinn is cultar na Gàidhlig. 'S ann à Alba agus às an Rìoghachd Aonaichte a bhios a' mhòr-chuid, ach bidh oileanaich a' tighinn thugainn às na Stàitean Aonaichte, dùthchannan Eòrpach agus Àisia cuideachd. Tha e àbhaisteach gum bi co-dhiù fichead dùthaich air an riochdachadh am measg oileanaich an t-Sabhail sa bhliadhna.

Tha luchd-ceumnachaidh an t-Sabhail air a dhol air adhart gu dreuchdan Gàidhlig ann an iomadach gnìomhachas, a' cur an sgilean gu feum ann an leasachadh a' chàinain. Tha còrr is 1,500 ceumnaiche air tighinn tro dhorsan na Colaiste, bhon a thòisich na cùrsaichean àrd-ìre ann an 1985.

Foghlam Adhartach

Cùrsaichean Goirid - Gàidhlig (gach ìre) agus Ceòl (measgachadh)
An Cùrsa Inntigidh - do luchd-tòiseachaidh air astar
Preantasachd Stèidheachaidh anns na Meadhanan Didseatach
Preantasachd Stèidheachaidh ann an Seirbhisean Sòisealta (Clann is Daoine Òga)
SVQ 2 ann an Seirbhisean Sòisealta (Clann is Daoine Òga)
SVQ 3 ann an Seirbhisean Sòisealta (Clann is Daoine Òga)

Foghlam Àrd-ìre

Teisteanasan Foghlaim Àrd-ìre

CertHE An Cùrsa Adhartais - do luchd eadar-mheadhanach air astar
CertHE An Cùrsa Comais - do luchd eadar-mheadhanach (làrach)
CertHE Gàidhlig is Conaltradh - bliadhna càinain do dh'fhileantaich (làrach)
Dioplòma Foghlaim Àrd-ìre (Diop HE) anns na Meadhanan Gàidhlig
Dioplòma Foghlaim Àrd-ìre (Diop HE) ann an Gàidhlig is Cuspairean Co-cheangailte

Ceumannan

BA (Urr) Gàidhlig
BA (Urr) Gàidhlig le Leasachadh
BA (Urr) Gàidhlig is Ceòl
BA Urr Gàidhlig is Foghlam (teisteanas teagaisg na lùib)

For-cheumannan

PGDE (Slighe Ghàidhlig - Bun-sgoil agus Àrd-sgoil)
MSc Cultar Dùthchasach is Eachdraidh na Gàidhealtachd
PDA Eadar-theangachadh Gàidhlig
MEd. Foghlam Gàidhlig
Cothroman MRanns agus PhD

ÀRAINNEACHD BHEOTHAIL

'S e ionad ionnsachaidh beothail, adhartach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, a bhios ag amas air coimhearsnachd Ghàidhlig làn misneachd is soirbheachais a bhrosnachadh. Tha iomadh pròiseact agus buidheann stèidhichte air làrach na Colaiste (faicibh an liosta gu h-ìosal), agus bithear a' cumail iomadh tachartas ionadail ann cuideachd.

Tha iomadh togalach againn air an làraich agus bidh buidhnean is pròiseactan stèidhichte againn a' dearbhadh cho cudromach 's a tha com-pàirteachas ann an saoghal na Gàidhlig agus mar a tha a' Cholaiste cuideachd a' cumail taic ri gnìomhachasan anns an sgìre fhèin.

Pròiseactan (far a bheil com-pàirt aig a' Cholaiste)

Faclair na Gàidhlig

Ainmean-Àite na h-Alba

Tobar an Dualchais

Ionad Sàr-mhathais ann an Teagasg



FIOS MUN DREUCHD

STIÙIRICHE FOGHLAM THIDSEARAN -



Tha Sabhal Mòr Ostaig a-nise aithnichte mar ionad sònraichte ann am Foghlam Thidsearan Gàidhlig. Tha sgioba ghleusta stèidhichte aig Sabhal Mòr Ostaig a tha a' cur ri Foghlam Thidsearan aig ìre fo-cheum agus for-cheum, agus iad a' cruthachadh chothroman ann an ionnsachadh proifeiseanta do thidsearan agus ag obair ann an com-pàirteachas ri sgoiltean airson ùidh a bhrosnachadh ann an Gàidhlig am measg sgoilearan. Tha Sabhal Mòr Ostaig an-dràsta a' sireadh thagraichean mu choinneimh na dreuchd, Stiùiriche Foghlam Thidsearan. Tha an obair stèidhichte gu ìre mhòir air làrach na Colaiste. Bidh an neach soirbheachail a' cur gu mòr ri teagasg agus buaidh, a' gabhail a-steach dealbhadh is libhrigeadh, chùrsaichean aig ìre ro-Urram, Urram (BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam), PGDE (Slighe Ghàidhlig) agus MEd ann am Foghlam Gàidhlig, a rèir eòlais. Tha sinn a' cur fàilte air iartrasan airson na dreuchd seo bho thagraichean uidheamaichte aig a bheil sàr eòlas ann an teagasg ann am Foghlam Gàidhlig agus ùidh ann an obair làn-ùine air làrach na Colaiste - ach bheir sinn beachd air tagraidhean bho dhaoine a tha ag iarraidh obair phàirt-ùine. Feumaidh làn-chlàradh GTCS a bhith aig tagraichean aig ìre bun-sgoile no àrd-sgoile.

'S e cothrom air leth a tha seo airson taic a chumail ri ginealach ùr de thidsearan Gàidhlig agus tidsearan a tha clàraichte mar-thà agus a bhith a' co-obrachadh ann an sàr sgioba ann an àrainneachd bhrosnachail, dhùbhlanach is luachmhor, tro mheadhan na Gàidhlig. Bhiodh eòlas air teagasg aig ìre oilthigh feumail, ach chan eil e riatanach. Bidh cothroman ann airson leasachadh proifeiseanta ann an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig an ìre seo.

A bharrachd air a bhith a' stiùireadh na sgioba, bidh e comasach dhuibh a bhith a' stiùireadh ceum agus mhodalan fa leth am broinn nan cùrsaichean foghlaim. Bidh sibh an sàs gu mòr ann a bhith a' cur air dòigh agus a' cumail taic ri oileanaich air greisean-sgoile air feadh na dùthcha air modalan ann am practas proifeiseanta a leithid, Greisean-sgoile 1 agus 2 air BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam. Bhiodh sibh ag obair mar phàirt den sgioba airson prògraman agus modalan a leasachadh, ionnsachadh proifeiseanta a thoirt do thidsearan agus a bhith an sàs ann an diofar ro-innleachdan gus ùidh a bhrosnachadh ann an teagasg Gàidhlig am measg sgoilearan. Bidh deagh sgilean didseatach agaibh agus bidh e comasach dhuibh a dhol an sàs gu h-èifeachdach ann an teagasg aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne, agus a bhith ag adhartachadh ionnsachadh do dh'oileanaich teagaisg tro mheadhan na Gàidhlig, a' gabhail a-steach leasachadh cànan agus eòlas air modhan-teagaisg ann am foghlam bogaidh.

Bidh sàr sgilean stiùiridh is conaltraidh agaibh agus, a bharrachd air a bhith ag obair taobh a-staigh na Colaiste agus sgioba Foghlam Thidsearan OGE, bidh sibh ag obair gu dlùth le Oilthigh Ghlaschu gus am pròiseact nàiseanta Ionad Sàr-mhathais ann an Teagasg a stèidheachadh (faicibh gu h-ìosal). Bidh sibh cuideachd a' dèanamh cheanglaichean ri sgoiltean air feadh na dùthcha, buidhnean leasachaidh Gàidhlig agus buidhnean eile aig a bheil ceanglaichean ri foghlam ann an Alba.

PRÒGRAMAN FO-CHEUM AGUS FOR-CHEUM AIG SABHAL MÒR OSTAIG

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' tabhann grunn chùrsaichean fo-cheum agus for-cheum, air astar agus air an àrainn, le modalan spèisealta ann an cànan, leasachadh agus poileasaidh cànan, litreachas, dualchas, na meadhanan, foghlam, ceòl traidiseanta agus eadar-theangachadh. Tha na goireasan leabharlainn agus tasglainn againn a' sìor-fhàs, agus a' tarraing àireamh nas motha de dh'òileanaich fhor-cheum. Bha sinn riamh èasgaidh gu frithealadh air feumalachdan foghlaim na Gàidhlig, agus tha sin air aithneachadh san inbhe a tha againn mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig. Bha sinn aig teis-meadhan nan oidhirpean a thug Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean gu buil. Ann an 2023, chomharraich sinn 50 bliadhna de Shabhal Mòr Ostaig agus tha sinn ag obair air planaichean airson inbhe Shabhal Mòr Ostaig mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig a neartachadh.

CÙRSAICHEAN FO-CHEUMA

Tha na trì ceumannan BA/BA le Urram ann an Gàidhlig, Gàidhlig agus Ceòl agus Gàidhlig & Foghlam ag obair còmhla ann an 'sgeama', a' tòiseachadh le 'bliadhna cànan' (le cùrsaichean fa leth aig SCQF Ìre 7 do luchd-ionnsachaidh, oileanaich a tha fileanta ann an Gàidhlig, agus oileanaich air astar). An-dràsta tha na prògraman seo a' gabhail a-steach litreachas bhon 21^{mh} linn, dualchas agus beul-aithris, eachdraidh na Gàidhlig is na Gàidhealtachd, ainm-eòlas, ceòl traidiseanta, eòlas cànan, eòlas foghlaim, sgilean rannsachaidh agus sgilean eadar-theangachaidh. Tha an teagasg air BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam a' cur fòcas sònraichte air foghlam bogaidh agus dòighean-teagaisg iomchaidh airson àrainneachd bhrosnachail Ghàidhlig a stèidheachadh san sgoil. Tha àrainneachd na Colaiste a' cur gu mòr ris an fheallsanachd seo. Chuireamaid fàilte air tagraichean a tha air a bhith an sàs gu mòr ann an ro-innleachdan sònraichte a thaobh Foghlam Gàidhlig aig ìre ionadail no ìre nàiseanta.

CÙRSAICHEAN FOR-CHEUMA

A bharrachd air oileanaich rannsachaidh PhD, tha cùrsaichean for-cheuma againn - MSc ann an Cultar Dùthchasach & Eachdraidh na Gàidhealtachd, Maighstireachd Rannsachaidh ann an Gàidhlig is Ceiltis, MEd ann am Foghlam Gàidhlig, agus PGDE ann am Foghlam (Bun-sgoil, Gàidhlig mar chuspair san àrd-sgoil agus cuspairean tro mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil). Bhiodh an tagraiche soirbheachail a' cur ris na prògraman Foghlaim ann a bhith a' cumail taic ri oileanaich ann an sgoiltean agus a bhith a' teagasg oileanaich air astar air-loidhne, a rèir an eòlais fhèin. Thathar an dùil gum biodh an tagraiche soirbheachail cuideachd a' cur ri MEd ann am Foghlam Gàidhlig, a rèir eòlais.

Tha sinn cuideachd air cùrsaichean for-cheuma a thabhann ann am foillseachadh agus ann an eadar-theangachadh.

COIMHEARSNACHD RANNSACHAIDH SHABHAL MÒR OSTAIG

Tha àite cudromach aig Sabhal Mòr Ostaig ann an ath-bheothachadh cànanach agus cultarach na Gàidhlig ann an Alba. Tha cliù eadar-nàiseanta againn airson a bhith a' sgrùdadh eachdraidh agus litreachas na Gàidhlig, an-dè agus an-diugh; airson rannsachadh air taobhan poilitigeach, foghlaim agus coimhearsnachd de dh'ath-bheothachadh mhion-chànanan; agus airson a dhol an sàs ann an ealain chruthachail Ghàidhlig agus ann am meadhanan craolaidh agus air-loidhne.



IONAD SÀR-MHATHAIS ANN AN TEAGASG (ISMT)

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' riochdachadh Foghlam Gàidhlig mar phrìomh ionad air a' phròiseact *Ionad Sàr-mhathais ann an Teagasg* (ISMT) ann an co-bhonn ri Oilthigh Ghlaschu. Mairidh am pròiseact cudromach seo ann an ionnsachadh proifeiseanta agus cothroman rannsachaidh do thidsearan gu, co-dhiù, Am Màrt 2026. Thathar an dùil gum bi Stiùiriche Foghlam Thidsearan, cuide ri buill eile de sgioba Foghlam Thidsearan aig Sabhal Mòr Ostaig, an sàs sa phròiseact seo gus ionnsachadh proifeiseanta a chur air dòigh agus a libhrigeadh do thidsearan Gàidhlig.

PRÒISEACTAN NÀISEANTA EILE

Tha Sabhal Mòr Ostaig na dhachaigh do ghrunn phrìomh phròiseactan ro-innleachdail ceangailte ris a' Ghàidhlig agus grunn phrògraman co-cheangailte ri leasachadh ghoireasan. Tha e na dhachaigh don phròiseact eadar-oilthigh Faclair na Gàidhlig, Ainmean-Àite na h-Alba, agus Tobar an Dualchais. Tha sinn cuideachd nar com-pàirtiche ann an SpeakGaelic agus grunn phròiseactan cudromach nàiseanta is eadar-nàiseanta eile le fòcas air leasachadh mhion-chànanan, ionnsachadh cànan le taic coimpiutair, leasachadh coimhearsnachd agus ealain mhion-chànanan.

Tha an ro-innleachd rannsachaidh is buaidh againn ag amas air togail air a' chliù rannsachaidh àrd-ìre a tha againn agus gun lean sinn oirnn a' cur prìomhachas

air gnìomhan rannsachaidh a leasaicheas tuigse agus mothachadh air cànan, cultar agus dualchas na Gàidhlig.

Tha cothroman trèanaidh agus leasachaidh aig luchd-obrach a tha an sàs ann an rannsachadh, a bharrachd air cothroman air comhairleachadh, maoineachadh agus saorsa bho dhleastanasan eile airson gnìomhan rannsachaidh a dhèanamh, le taic tro Mhaoin Leasachaidh Luchd-obrach Shabhal Mòr Ostaig agus Maoin Cho-labhairtean agus Maoin Shiubhail OGE. Bidh sinn a' cumail sreath de cho-labhairtean rannsachaidh gu cunbhalach far am bi an luchd-obrach againn fhèin agus luchd-tadhail agus oileanaich fhor-cheumnach a' taisbeanadh an cuid obrach.

TUAIRISGEUL OBRACH

DREUCHD	Stiùiriche Foghlam Thidsearan
ROINN	Roinn an Fhoghlaim
FO STIÙIR	Dr Marsaili NicLeòid
ÌRE TUARASTAIL	Sgèile Nàiseanta Òraidichean Cholaistean: Ìre Àrdaichte Stèidichte 2: £55,394 (£57,687 bho 1 Sultain 2025)
PRÌOMH ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig, An t-Eilean Sgitheanach
CEANN-LATHA	5.00f 16 An Cèitean 2025
AGALLAMHAN	An dùil gun tèid agallamhan a chumail an t-seachdain a' tòiseachadh Diluain 26.05.25

RÒ-RÀDH

Thòisich an ceum BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam aig Sabhal Mòr Ostaig ann an 2017, mar chùrsa do thidsearan àrd-sgoile is bun-sgoile, luchd-ionnsachaidh agus fileantaich. Aig an àm ud, chaidh na h-oileanaich an sàs ann an clasaichean foghlaim agus greisean-sgoile bhon treas bliadhna air adhart. Bhon uair sin, tha structar a' chùrsa air atharrachadh gu cùrsa ceithir bliadhna, le modalan foghlaim agus greisean-sgoile aig gach ìre den cheum. Tha an sgioba air fàs bhon uair sin cuideachd agus an-diugh, a bharrachd air BA (le Urram) Gàidhlig agus Foghlam, tha Sabhal Mòr Ostaig an sàs gu mòr ann am PGDE (Slighe Ghàidhlig) do dh'oileanaich àrd-sgoile agus bun-sgoile agus ann am MEd Foghlam Gàidhlig – ceum cudromach aig ìre for-cheum ann an ionnsachadh proifeiseanta do thidsearan clàraichte. Tha Sabhal Mòr Ostaig cuideachd na phrìomh ionad anns a' phròiseact nàiseanta Ionad Sàr-mhathais ann an Teagasg a bhios a' tabhann chothroman ann an ionnsachadh proifeiseanta agus rannsachadh do thidsearan air feadh na dùthcha.

PRÌOMH AMAS NA H-OBACH

Tha sinn a' sireadh cuideigin dealasach agus lèirsinneach aig a bheil sàr sgilean stiùiridh agus eòlas air teagasg Gàidhlig aig ìre bun-sgoile no àrd-sgoile a bhios a' neartachadh agus a' leudachadh nan slighean is nan cothroman ionnsachaidh do dh'oileanaich teagaisg agus do thidsearan, ann am Foghlam Gàidhlig gu nàiseanta.

PRÌOMH DHLEASTANASAN AGUS UALLAICHEAN

Teagasg agus ionnsachadh

- A' cur gu mòr ri libhrigeadh teagaisg, planaidh, stiùiridh agus measaidh le bhith a' teagasg air na diofar chùrsaichean a bhios Foghlam Thidsearan aig Sabhal Mòr Ostaig a' tabhann dha oileanaich àrd-ìre (HE).
- A bhith a' stiùireadh agus a' leasachadh phrògraman/mhodalan ainmichte ann am Foghlam Thidsearan. Thèid seo aontachadh ann an còmhradh ri Stiùiriche an Fhoghlaim.
- A' leasachadh stuthan-teagaisg agus dhòighean measaidh a thèid a chleachdadh air prògraman do dh'oileanaich foghlaim anns a' Ghàidhlig agus a' cumail taic ri luchd-teagaisg eile air na prògraman a bhios an sàs ann a bhith a' cruthachadh stuthan teagaisg agus measaidh.

- A' ceartachadh mheasaidhean fòrmatach agus deireannach air na diofar mhodalan anns am bithear an sàs agus ag obair ann an co-bhonn ri luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh gus càileachd a dhearbhadh.
- A bhith a' deasachadh phrògraman oideachaidh agus chlàran-ama airson cùrsaichean ann am Foghlam Thidsearan ann an co-bhonn ri Roinn an Fhoghlaim, Sgioba Foghlam Thidsearan aig Sabhal Mòr Ostaig agus OGE. Bidh prògraman agus clàran-ama rin aontachadh ann an còmhradh ri Stiùiriche an Fhoghlaim.
- A bhith an sàs ann am pròiseasan taghaidh do dh'oileanaich air prògraman teagaisg Gàidhlig agus ann a bhith a' leughadh iarrtasan agus a' cur air dòigh agallamhan a rèir modhan-obrach ainmichte GTCS.
- A bhith a' cur air dòigh phrògraman de ghreisean-sgoile do dh'oileanaich a rèir stiùireadh nàiseanta agus ann an co-bhonn ri oilthighean eile a bhios a' tabhann phrògraman teagaisg ann an Gàidhlig.
- A bhith a' cumail taic ri oileanaich air greisean-sgoile air feadh na dùthcha, a' toirt comhairle agus stiùireadh dhaibh, a' tadhal orra agus ag obair ann an co-bhonn ri sgoiltean gus measadh a dhèanamh orra.
- A bhith a' cumail taic ri leasachadh proifeiseanta nan oileanach a rèir riatanasan nàiseanta ann am foghlam agus riatanasan sònraichte ann an Gàidhlig.
- A' dèanamh cinnteach gum bi àrainneachd in-ghabhalach ann do dh'oileanaich, stèidhichte air fianais, far an tèid oideachadh a thoirt seachad ann an diofar dhòighean – aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne. Thathar an dùil gum bi clasaichean oideachaidh, òraidean agus seiminear an a' coileanadh feumalachdan nan oileanach agus a' brosnachadh com-pàirteachas agus coileanadh nam builean ionnsachaidh anns gach modal.
- A' cur ri àrainneachd rannsachaidh na Colaiste a thaobh Foghlam Gàidhlig, far am biodh seo iomchaidh.

STIÙIREADH

- A' stiùireadh sgioba Foghlam Thidsearan (a' gabhail a-steach sgioba-teagaisg chùrsaichean Cùraim-chloinne), a' cur choinneamhan agus chothroman leasachaidh air dòigh, a' dèanamh luachaidhean bliadhnail còmhla ri gach ball den sgioba agus a' gabhail uallach airson na prìomhachasan leasachaidh aca a choileanadh.
- A bhith a' stiùireadh a' chùrsa BA Gàidhlig agus Foghlam (air neo prògraman eile mar as iomchaidh) agus a bhith ag obair gu dlùth còmhla ri stiùirichean prògraim eile gus càileachd agus cunbhalachd adhartachadh. Thèid na dleastanasan stiùiridh air prògraman teagaisg fa leth aontachadh ann an còmhradh ri Stiùiriche an Fhoghlaim.
- A' riochdachadh Foghlam Thidsearan Sabhal Mòr Ostaig aig coinneamhan aig ìre Colaiste, ìre OGE agus gu nàiseanta far am bi seo iomchaidh.
- A' riochdachadh Sabhal Mòr Ostaig air pròiseact nàiseanta, Ionad Sàr-mhathais ann an Teagasg ann an co-bhonn ri Oilthigh Ghlaschu.
- A' brosnachadh com-pàirteachas ann an iomairtean a chuireas Sabhal Mòr Ostaig an gnìomh, mar eisimpleir, iomairtean gus àireamhan de dh'oileanaich àrdachadh no iomairtean ann an co-bhonn ri sgoiltean gus ùidh sgoilearan a ghlacadh.

RIANACHD

- A bhith a' gabhail pàirt ann an iomairtean margaidheachd agus trusaidh le taic bho sgioba margaidheachd SMO.
- A bhith a' cur air dòigh agus a' gabhail pàirt ann am prògram inntrigidh nan oileanach.
- A' cumail comhairle is taic ri oileanaich. Bidh Comhairlichean Acadaimigeach Pearsanta aig gach oileanach.
- A' leasachadh dhàimhean-obrach èifeachdach le oileanaich agus, ann an com-pàirteachas le seirbheisean oileanach, a' dèiligeadh ri feumalachdan sònraichte no suidheachaidhean measgaichte le bhith a' toirt spèis do dh'fheumalachdan agus do dhiofar dhòighean ionnsachaidh.
- A bhith a' gabhail pàirt ann an siostaman measaidh, deagh-ghnè agus fèin-luachaidh airson modalan agus cùrsaichean fa leth.
- A' leasachadh dhàimhean le luchd-ùidh air an taobh a-muigh, a' cur ri obair is inbhe an sgeama agus a' taisbeanadh sàr-mhathas agus cothroman co-obrachaidh.
- A bhith a' cur ri poileasaidh cànan na Colaiste agus a bhith a' gabhail pàirt ann an iomairtean gus àrainneachd Ghàidhlig na Colaiste a neartachadh.
- A bhith a' gabhail pàirt ann an coinneamhan sgioba, coinneamhan roinne, coinneamhan Sgeama agus ann an tachartasan iomchaidh co-cheangailte ri amasan agus dleastanasan na h-obrach.
- A' dol an sàs ann an gnìomhan a thaobh leasachadh proifeiseanta leantainneach mar a bhios iomchaidh agus a' brosnachadh sgioba Foghlam Thidsearan gus seo a choileanadh.
- A' cur ri àrdachadh iomhaigh eadar-nàiseanta na Colaiste a rèir amasan na Ro-innleachd.
- A bhith a' leantainn riaghailtean slàinte is sàbhailteachd agus poileasaidhean eile na Colaiste mar a bhios iomchaidh.
- A' gabhail pàirt ann an gnìomhan co-cheangailte ri trusadh oileanach (me, làithean fosgailte) agus inntrigeadh.
- Obair iomchaidh sam bith eile mar a bhios feum aig a' Cholaiste air bho àm gu àm.

Seo tuairisgeul air an obair mar a tha i. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e iomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus le manaidsèar agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabh sibh pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.

Ceann-là: 01/05/2025

COMASAN AN NEACH-OBRACH

Tha sinn a' sireadh Stiùiriche air leth ealanta is dealasach aig a bheil eòlas aig ìre fhreagarraich a tha a' coileanadh shlatan-tomhais an tuairisgeil obrach seo, agus aig a bheil na comasan a leanas:

	RIATANACH	NA BHUANNACHD
Teisteanasan agus trèanadh proifeiseanta	<p>Fo-cheum no Ceum le Urram ann an cuspair iomchaidh</p> <p>Teisteanas teagaisg aig ìre bun-sgoile/ àrd-sgoile</p> <p>Làn-chlàradh aig GTCS</p>	<p>Eòlas air ceannas ann am Foghlam Gàidhlig</p> <p>Teisteanas aig ìre àrd-sgoile</p>
Eòlas	<p>Eòlas teagaisg agus dearbhadh air a bhith a' cur ri Foghlam Gàidhlig aig ìre bun-sgoile no ìre àrd-sgoile</p> <p>Comas dearbhte air modhan-teagaisg ann am foghlam bogaidh agus dòighean-ionnsachaidh aig ìre sgoile</p> <p>Ag adhartachadh agus a' cur an cèill lèirsinn airson Foghlam Gàidhlig aig ìre sgoile agus An Treas Ìre</p> <p>Eòlas air obair ann an dreuchd stiùiridh àrd-ìre</p> <p>Eòlas air a bhith a' stiùireadh agus a' riaghladh phrògraman agus iomairtean foghlaim</p> <p>Taic do dh'oileanaich mar Chomhairliche Acadaimigeach Pearsanta (no coltach ris)</p> <p>Cleachdte ri teagasg air-loidhne is ri bhith a' dèanamh feum de dh'àrainneachd ionnsachaidh air-loidhne (VLE)</p>	<p>Comas dearbhte air modhan-teagaisg cànan agus leasachadh cànan</p> <p>Deagh eòlas air leasachaidhean aig ìre nàiseanta ann am Foghlam Gàidhlig</p> <p>Eòlas air a bhith an sàs ann an rannsachadh</p> <p>Eòlas air obair stiùiridh taobh a-staigh suidheachadh FE/HE</p>

	RIATANACH	NA BHUANNACHD
Sgilean	<p>Fileantachd sa Ghàidhlig a thaobh labhairt, leughadh agus sgrìobhadh</p> <p>Comas dearbhte a thaobh a bhith a' dealbhadh, ag ath-sgrùdadh agus ag adhartachadh phrògraman ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh</p> <p>Eòlas dearbhte air stiùireadh agus riaghladh sgioba, le comas sgioba a mhisneachadh agus a bhrosnachadh gu soirbheachas</p> <p>Comas gus sgioba a stiùireadh agus a thoirt air adhart gus an coilean iad an làn-chomas, agus sibh a' cruthachadh saoghal obrach le ìrean coileanaidh glè àrd agus far a bheil adhartas leantainneach ga dhèanamh</p> <p>Sgilean math rianachd agus comasan eagrachaidh agus stiùiridh</p> <p>Deòin a bhith a' gabhail pàirt ann an ionnsachadh proifeiseanta leantainneach gus sgilean agus eòlas a leudachadh</p> <p>Comas sgilean a nochdadh ann am Microsoft Office airson teagasg agus rianachd</p>	<p>Eòlas ann an leasachadh agus taisbeanadh dhòighean-teagaisg is rannsachaidh agus a' dealbhadh mhodalan agus mhodhan-obrach</p> <p>Comas a thaobh teagasg air-loidhne (me, Webex, Brightspace)</p>
Comasan Pearsanta	<p>Deònach a bhith a' siubhal gus tadhal air sgoiltean air feadh na dùthcha nuair a bhios feum air</p> <p>Comas obrachadh ann an sgioba</p> <p>Stoidhle stiùiridh fosgailte, brosnachail is co-obrachail</p>	



UAIREAN-OBACH

Làn-ùine: 35 uairean gach seachdain
Pàirt-ùine – ri dhearbhadh

SAOR-LÀITHEAN

Làn-ùine: 50 latha sa bhliadhna (a' gabhail a-steach saor-làithean poblach)
Pàirt-ùine – ri dhearbhadh

SGÈILE TUARASTAIL:

Sgèile Nàiseanta Òraidichean Cholaistean: Ìre Àrdaichte Stèidichte 2: £55,394 (£57,687 bho 1 Sultain 2025)

Thèid tuarastal a phàigheadh a-steach gu cunntas banca air an latha-obrach mu dheireadh dhen mhios.

Tha sgeama pheinnseanan aig a' Cholaiste a tha fosgailte don luchd-obrach air fad.

Nì gach neach-obrach Measadh-obrach Bliadhnaile còmhla ris a' Mhanaidsear aca gus cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean sàr-mhath againn, agus gus feumalachdan trèanaidh luchd-obrach a chomharrachadh agus taic a thoirt dhaibh le leasachaidhean pearsanta.

Tha Sabhal Mòr Ostaig ag amas air taic shònraichte a thoirt dhuibh gus na sgilean cànanain agad a leasachadh agus thèid cothroman sònraichte ionnsachaidh a thabhann dhuibh ri linn seo.

CÀITE? WHERE?

ALBA
SCOTLAND

AN T-EILEAN SGITHEANACH
ISLE OF SKYE



SABHAL MÒR OSTAIG



WWW.SMO.UHI.AC.UK



Sabhal Mòr Ostaig, Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach IV44 8RQ
01471 888 000 / iarrtas@smo.uhi.ac.uk



SABHAL
MÒR
OSTAIG

Tha Sabhal Mòr Ostaig na charthannas clàraichte an Alba
SC002578